

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Radio Caledonia (1)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclea@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclea@bbc.co.uk). This is Litir 964. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 660 corresponds to Litir 964.*

Bha mi ag èisteachd ri prògram o chionn ghoirid air Rèidio 4. **Aig an fhìor thoiseach** bha guth aithnichte ann – am Morair Haw-Haw ag aithris ‘Germany Calling, Germany Calling’. Bidh sibh eòlach air cò e, tha mi an dùil – Uilleam Joyce – craoladair Natsach anns an Dàrna Cogadh a bha a’ craoladh propaganda gu Breatainn ann am Beurla. Bha blas aige **mar gur e fear de na h-uaislean Sasannach a bh’ ann.**

Dh’inns tè-libhrigidh a’ phrògram gun robh barrachd na dìreach Joyce an sàs ann an craoladh dhen t-seòrsa sin. Bha eadhon fear Albannach ann. ’S ann às a’ Ghàidhealtachd a bha e. Cha chreid mi gun robh mi air sin a chluinntinn roimhe.

Bha an còrr dhen prògram a-mach air Dòmhnall Grandd, a rugadh ann an Alanais, ann an taobh an ear Rois, ann an naoi ceud deug ’s a seachd (1907). Chruthaich e Radio Caledonia.

Eucoitach ri Uilleam Joyce, chan eil gin de na clàraidhean a rinn an Granddach ann am bith an-diugh. Ach lorg an tè air Rèidio 4 tar-sgrìobhaidhean de chuid de na prògraman aige. Cha chreid mi nach e MI5 a rinn iad. Bha Dòmhnall a’ cumail a-mach gun robh e na ‘nàiseantach’ Albannach, ach aig a’ chridhe, ’s e Faisisteach a bh’ ann. Agus bha na seirbheisean-brathaidh Breatannach eòlach air.

Bha athair Dhòmhnail na ghròsair ann an Alanais, agus bha Dòmhnall na sgoilear ann an Sgoil Phoblach Alanais agus Acadamaidh Inbhir Pheofharain. Dhearbh e aig aois òg gun robh beachdan claon aige air poilitigs. Chan eil fios le cinnt nach do thachair e ri Uilleam Joyce nuair a bha e òg oir a rèir choltais bhiodh Joyce a’ dol gu coinneamhan faisisteach ann an oighreachd ann an Cataibh far an robh màthair Dhòmhnail na glanadair. Co-dhiù, thàinig e dhachaigh le beachdan a bha cho damainte ’s gun do chuir athair a-mach às an taigh e.

An dèidh na sgoile, bha e ag obair ann am Bradford agus sa Chaisteal Nuadh ann an Sasainn. An uair sin bha e ann an Lunnainn agus Èirinn mus deach e air ais a dh’Alanais airson greis. Tron chuid as motha de na tritheadan bha e ann an Lunnainn, aig àm nuair a bha na Natsaich is Faisistich ag èirigh air feadh na Roinn Eòrpa.

A rèir choltais bha e measail air Sir Oswald Mosley agus a’ bhuidheann aige – Na Lèintean Dubha. Ann an agallamhan le luchd-tèarainteachd Breatannach an dèidh a’ chogaidh, dh’aidich e gun robh e fhèin is ceannard propaganda nan Natsach, Rolf Hoffmann, a’ sgrìobhadh gu càch a chèile aig deireadh nan tritheadan. Bha Dòmhnall a’ gabhail ‘Derrick’ air fhèin aig amannan – agus cuideachd ‘British Fascist’.

Mar a bha Faisistich eile aig an àm, bha an Granndach a' cumail a-mach gun robh e ag iarraidh sìth agus gun robh e riatanach cogadh eadar a' Ghearmailt agus Breatainn a sheachnadh. Ach bha e dhen bheachd gur e Iùdhaich a bha a' ruith Bhreatainn agus gur e Faisisteachd an dòigh airson sin fhuasgladh.

Bha Grannd a' cumail a-mach gun d' fhuair e cuireadh a dhol a dh'fhuireach anns a' Ghearmailt le teaghlach Gearmailteach airson ceithir seachdainean. As t-samhradh naoi ceud deug, trithead 's a naoi (1939), nuair a bha mòran a' teicheadh às a' Ghearmailt, chaidh Dòmhnall Grannd ann. Agus chì sinn dè thachair dha an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** tè-lìbhrigidh: *presenter*; eadhon: *even*; Dòmhnall Grannd: *Donald Grant*; Alanais: *Alness*; tar-sgrìobhaidhean: *transcripts*; seirbheisean-brathaidh: *spying services*; Na Lèintean Dubha: *The Blackshirts*; faisisteach: *fascist*; Iùdhaich: *Jews*.

**Abairtean na Litreach:** Aig an fhìor thoiseach bha guth aithnichte ann: *at the very beginning there was a familiar voice*; craoladair Natsach anns an Dàrna Cogadh a bha a' craoladh propaganda: *a Nazi broadcaster in the Second World War who was broadcasting propaganda*; cha chreid mi gun robh mi air sin a chluinntinn roimhe: *I don't think I'd heard that before*; chan eil gin de na clàraidhean a rinn an Granndach ann am bith an-diugh: *none of the broadcasts that Grant made exist today*; cha chreid mi nach e MI5 a rinn iad: *I think it was MI5 that made them*; bha athair Dhòmhnail na ghròsair: *Donald's father was a grocer*; gun robh beachdan claon aige air poilitigs: *that he had perverse views on politics*; oighreachd ann an Cataibh far an robh màthair Dhòmhnail na glanadair: *an estate in East Sutherland where Donald's mother was a cleaner*; tron chuid as motha de na tritheadan: *through most of the thirties*; dh'aidich e gun robh e fhèin is ceannard propaganda nan Natsach a' sgrìobhadh gu càch a chèile: *he admitted that he and the head of Nazi propaganda were writing to each other*; gun robh e riatanach cogadh eadar a' Ghearmailt agus Breatainn a sheachnadh: *that it was necessary to avoid a war between Germany and Britain*; gur e Faisisteachd an dòigh airson sin fhuasgladh: *that Fascism was the way to solve that*; gun d' fhuair e cuireadh a dhol a dh'fhuireach anns a' Ghearmailt le teaghlach Gearmailteach: *that he received an invitation to go to stay in Germany with a German family*; nuair a bha mòran a' teicheadh às a' Ghearmailt: *when many people were fleeing from Germany*.

**Puing-chànain na Litreach:** Bha blas aige mar gur e fear de na h-uaislean Sasannach a bh' ann: *he spoke [had an accent] as if he were one of the English gentry*. Mar gur e or mar gum b' e (past tense) are useful structures. Bha e ga ghiùlan fhèin mar gur e Eadailteach a bh' ann 'he was behaving as if he were an Italian'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Aig an fhìor thoiseach: *at the very beginning*.

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA*